



AN GAIDHEAL OG

MIOSACHAN COMUNN NA H-OIGRIDH

Leabhar VIII

AM MART, 1956

Aireamh 3

Each Buidhe Rónaigh

O CHIONN fhada, an uair a dh'fheumadh muinntir nan Eileanan an Iar beòshlaint a thoirt as an fhearann agus as a' chuan, b'abhaist do mhuinntir a' Bhaile-Shear a bhith a' dol a mach do eilean ris an abrar Rónaigh a dh'fheamanadh.

Aig an ám seo is e Uisdean a' Bhaile-Shear an ceann-cinnidh a bha an seilbh air an eilean sin, agus air Earrach àraidih chaith e fhéin agus a thir a mach a dh'fheamanadh. Thug iad leotha eich anns na h-eathraichean. Rinn iad móran obrach agus, an uair a thill iad dhachaigh mu mheadhon an t-samhraidh, dh'fhág iad as an déidh scann làir a chionn gu robh i a' fás cho lag agus nach b'fhiach i a geomhrachadh.

Chaidh trì bliadhna seachad mun deach iad a Rónaigh a rithis, agus ciod a chunnaic iad ach each mór buidhe breagha 'na sheasamh ri taobh na làir? Thuirg na fir gu robh searrach anns an làir an uair a dh'fhág iad as an déidh i.

Thug iad leotha dhachaigh an làir agus an t-each. Agus b'e sin an t-each! Chan fhacas agus cha chualas anns na h-eileanan riamh a sheise. Cha robh odaidh nach robh e a' gleidh-eadh agus cha robh luchd nach slaodadh e.

Chualas air a' Ghalldachd fathann air cliù an eich, agus thàinig Gall dhachaigh le mial-

chù a bha ainmeil air son a luathais. Chuir e geall ri Uisdean gum bu luaithe an cù na an t-each.

Shuidhicheadh àite anns am feuchadh iad réis, agus b'e sin ceithir mìle de thràigh thioram chruaidh air cùl a' Bhaile-Shear.

Chòimhlig iad agus an toiseach bha an cù dìreach air sàilean an eich, ach mu dheireadh bha an t-each a' fàgail a' choin as a dhéidh mean air mhean.

Bha fhios aig Uisdean, nam beireadh an cù air an each, gun toireadh e an t-each 'na chriomagan as a chéile, agus chuir e duine 'na sheasamh air cùl dorus an stàbuill a chum an dorus a dhùnadhbh cho luath is a gheibheadh an t-each a steach.

An uair a ràinig an t-each an stàbull, rug am marcaiche air an àrd-dorus, agus cha bu luaithe a bha an t-each a staigh na dhùineadh an dorus. Bha an cù cho luath agus nach b'urrainn dha stad agus chuir e an t-eanchainn as fhéin ri còmhla an doruis!

Mar sin chaill an Gall a chù agus a gheall, agus bha Each Buidhe Rónaigh na b'ainmeile na bha e riamh.

DOMHNALL MACDHOMHNAILL

(*Acadamaidh Rìoghail Inbhir-Nis*).

Anns an Dorchadas

AON oidhche bha Murchadh a' dol a choinneachadh a charaid, Dòmhnall. Bha iad a' dol a shlaop bhradan còmhla ri chéile tràth air madainn Di-luain.

Air oidhche na Sàbaid thuit Murchadh 'na chadal air son a dhà no trì uairean a thìde agus, an uair a dhùisg e, bha e an dùil gur e madainn Di-luain a bha ann. Fhuair e an lòn deiseil agus dh'halbh e a choinneachadh Dhòmhnaill shòs aig an abhainn.

Bha creutair neònach 'na sheasamh an sin. Bha Murchadh an dùil gur e Dòmhnall a bha ann, agus thòisich e a' bruidhinn ris.

Aon fhacal cha fhreagradh e. Dh'eubh Murchadh a rithis ris. Cha robh smid aige air ais. Thòisich a chridhe a' leumadaich agus

bha a theanga tioram 'na bheul. An ceann ùine mhòthaich e gu robh casan pliutach air a' chreutair neònach seo. Bhraon e le fallus; bha e gu dhol á cochull a chridhe!

Chaidh an creutair as a dhéidh le sgithinn, agus a h-uile ceum a thug e dh'fheuch e ri a leagail. Bha an creutair gus an sgian a chur ann. Leig Murchadh sgiamh agus ruith facial ùrnuigh air a theanga. Siud am beathach as an t-sealladh ann an steall teine agus thuit Murchadh 'na chlod air an là!

Tha sinn glé chinnteach nach téid Murchadh a shlaop bhradan air là na Sàbaid no air là sam bith eile gu bràth tuilleadh.

SANDRA NICSUAIN.

(*Acadamaidh Rìoghail Inbhir-Nis*).